

GEÀRR-CHUNNTAS CÀILEACHD UISGE-ÒIL ANN AN ALBA 2013

AITHISG BHLIADHNAIL LE RIAGHLAICHE CÀILEACHD UISGE-ÒIL NA H-ALBA



A' DÌON CÀILEACHD UR N-UISGE-ÒIL



© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2014

Tha na mapaichean a tha air an sealltainn san fhoillseachadh seo stèidhichte air stuth an t-Suirbhìdh Òrdanais le cead bhon t-Suirbhìdh Òrdanais as lèth Rianadair Oifis Phàipearachd na Banrigh © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2012. Tha lethbhreacadh gun chead a' briseadh Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin agus dh'fhaodte gun lean seo gu casaid no imeachdan catharra. Àireamh ceadachd Riaghaltas na h-Alba: 100024655, 2012.

Foillsichte às leth Riaghlaiche Càileachd Uisge-òil na h-Alba, Lùnasdal 2014.

Dèante airson Riaghlaiche Càileachd Uisge-òil le Buidheann APS na h-Alba DPPAS27362 (08/14)

ISBN: 978-1-78412-673-5

Gheibhear tuilleadh lethbhreacan bho RCUÒ aig www.DWQR.org.uk no 0131 244 0190.

Tha duilleagan-teacs na sgrìobhainn seo clò-bhuailte air pàipear a ghabhas ath-chuairteachadh 100%.



Tha Riaghlaiche Càileachd Ùisge-òil na h-Alba (RCUÒ) a' riaghladh càileachd an uisge a tha air a sholarachadh le Uisge na h-Alba agus tha dreuchd aige gus dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail a' coinneachadh nan dleastanasan aca gus solarachaidhean uisge prìobhaideach a riaghladh. Chaidh dreuchd RCUÒ a chruthachadh le Achd Gnìomhachas an Uisge (Alba) 2002 (“an Achd”), a thug diofar chumhachdan dhan Riaghlaiche a dhol a-steach a dh'ionadan mar phàirt de sgrùdadh, fiosrachadh fhaighinn is gnìomhan cur-an-sàs a ghabhail os làimh. Tha an aithisg seo a' coileanadh an riatanas bhon Achd gum bi an RCUÒ a' foillseachadh aithisg mu na chaidh a choileanadh de dh'obair an Riaghlaiche sa bhliadhna roimhe. Tha an aithisg seo a' buntainn ris a' bhliadhna shlàn 2013.

Tha na h-ìrean càileachd ris am feum solarachaidhean uisge coinneachadh, air am mìneachadh ann an riaghailtean agus 's e dreuchd RCUÒ dèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ris na riaghailtean seo. Ann an Alba 's iad Riaghailtean Solarachadh Uisge (Càileachd Uisge) (Alba) 2001 na riaghailtean a tha a' buntainn ri càileachd an uisge a tha air a thoirt seachad le Uisge na h-Alba. Tha riaghailtean ionann ri seo aig solarachaidhean uisge prìobhaideach – Riaghailtean Solar Uisge Prìobhaideach (Alba) 2006 – a tha air an cur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail. Tha Inbhean Càileachd a' buntainn ris an dà sheata riaghailtean air an toirt bho Riaghailt Uisge-òil na h-Eòrpa 98/83/EC.

Ann an Alba tha an solaraidhe uisge, Uisge na h-Alba, a' gabhail is a' sgrùdadh nan sampail aige fhèin gus sealltainn gu bheil an t-uisge a thathar a' solarachadh a' gèilleadh ri riatanasan riaghlaidh. Tha seo a rèir cleachdadh gnìomhachas an uisge sa chòrr den RA. Bidh RCUÒ a' dèanamh cinnteach gun deach seo a dhèanamh ceart agus a' dèanamh sgrùdadh air na toraidhean. Bidh RCUÒ cuideachd a' sgrùdadh raon stòrasan is ghnìomhachd le Uisge na h-Alba a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air càileachd, agus a' sgrùdadh thachartasan sam bith a thaobh càileachd uisge a thèid aithris.

Bidh uisge-òil na h-Alba a' tighinn bho ghrunn thobraichean. Feumaidh na tobraichean uile a bhith air an leigheas mus bi iad aig ìre càileachd freagarrach airson a bhith air an solarachadh do luchd-cleachdaidh. Bidh meud agus seòrsa an leigheis an crochadh air nàdar an tobair, a chàileachd agus cunnartan sam bith a thaobh càileachd a dh'fhaodadh a bhith ann. Tha an t-uisge uile a tha air a sholarachadh le Uisge na h-Alba air a dhì-ghalarachadh. Mar as trice tha seo a' ciallachadh a bhith a' cur tuaiream sònraichte chlòrain, fo smachd teann, dhan uisge airson a dhèanamh sàbhailte. Tha fiosrachadh fìor mu sholar uisge na h-Alba air a thoirt seachad gu h-ìseal:



197 Tobraichean Locha is Loch-thasgaidh



177 Tobraichean Aibhne



84 Tobraichean Fuarain is Tuill-luirg



47,000km Prìomh Phìob-uisge



252 Ionadan Leigheas-uisge




1,001 Ionadan-stòraidh

GÈILLEADH RIS NA H-ÌREAN – DÈ CHO MATH 'S A BHA UISGE-ÒIL ANN AN 2013?

Ann an 2013 rinn Uisge na h-Alba 330,156 deuchainn riaghlaidh dhan a bheil ìre àireamhach, agus grunn a bharrachd airson adhbharan obrachail. Bha cuid de na deuchainnean seo air an dèanamh air sampail a chaidh a thoirt bho uisge mar a tha a' fàgail ionadan-leighis agus ionadan-stòraidh. Chaidh an àireamh a bu mhotha de shampail a thogail bho thapaichean luchd-cleachdaidh air feadh na dùthcha, agus 's ann an seo a tha gèilleadh air a thomhas sa chumantas, seach gur ann an seo a bhios luchd-cleachdaidh a' cleachdadh an uisge.

Ann an 2012 chaidh 154,755 deuchainn a dhèanamh air sampail a chaidh a thoirt bho thapaichean luchd-cleachdaidh agus bha 99.89% dhiubh seo a' gèilleadh ris na h-ìrean, a' sealltainn an adhartas leantainneach a tha ann an càileachd uisge òil. Tha a' chairt a' sealltainn gu bheil gèilleadh ann an Alba air leasachadh gu mòr sna 11 bliadhna bho chaidh Uisge na h-Alba a chruthachadh. Tha e cuideachd a' sealltainn gu bheil barrachd ri dhèanamh mus bi Uisge na h-Alba gu cunbhalach a' coileanadh ìrean co-ionann ri Sasainn agus a' Chuimrigh.

Gèilleadh dàimheach aig Tapaichean Luchd-cleachdaidh san RA




CÀILEACHD UISGE AIG IONADAN-LEIGHIS

Tha na 252 ionadan leigheas-uisge (ILU) air feadh na h-Alba uile aig meudan eadar-dhealaichte, ach tha iad uile air an samplachadh gu riaghailteach. Ann an 2013, chaidh 72,209 deuchainn a dhèanamh air sampail a chaidh a thogail bho ionadan-leigheis. 'S ann meanbh-bhith-eòlasach a tha na prìomh pharaimeadairean gèillidh – coliforman agus *E.coli* – agus tha iad seo nan deagh chomharra air co-dhiù a chaidh dì-ghalarachadh a dhèanamh gu h-èifeachdach. Ann an 2013 cha robh coliforman ach ann an 17 de shampail and bha *E. coli* ann an 1 dhiubh. Tha seo a' dearbhadh fìor adhartas ann an coimeas ri bliadhnaichean eile agus chaidh lorg air timcheall leth de dh' àireamh 2012 anns gach cuid, agus b' e seo an gèilleadh a b' fheàrr de mheanbh-bhith-eòlasach a bh' ann riamh.

'S e fàs-bheairt nach fhaicear ach fo mhaicreasgoip a th' ann an *Cryptosporidium* agus faodaidh e bhith ann an uisge nach deach a leigheas agus a tha air a thruaillleadh le stuth bho shalchar. Bu chòir gun deidheadh aig a' phròiseas leigheis air a thoirt às. Tha Ministearan na h-Alba ga chur mar fhiachaibh air Uisge na h-Alba solarachaidhean a shamplachadh agus deuchainn a dhèanamh airson *Cryptosporidium*, cho tric 's a bhios sin a dhìth a rèir cunnairt. Ann an 2013, rinn Uisge na h-Alba 8,300 deuchainn airson *Cryptosporidium* air uisge a' fàgail 252 ionad-leigheis, agus chaidh oocysts *Cryptosporidium* a lorg ann an 118 dhiubh. Is e an àireamh de dh' ionadan-leigheis bhon tàinig co-dhiù aon shampall adhartach 43. Tha an dà àireamh sin a' nochdadh fìor adhartas bho 2012, ged a tha àite gu leòr ann fhathast airson barrachd adhartais.

Choilean ionadan leigheas-uisge gu math ann an 2013, a' sealltainn libhrigeadh air sgàth tasgadh, ullachaidhean nas fheàrr a thaobh samplachadh agus oidhirpean cudromach le luchd-obrach gnìomhach. Tha sgrùdaidhean RCUÒ air ionadan sa chumantas air sealltainn gu bheil ionadan-leigheis air an deagh ghoireasachadh is air an deagh stiùireadh. Am measg nan cùisean sònraichte a chaidh aithneachadh, nochd cuspairean coitcheann, nam measg am feum air measadh farsaing a dhèanamh agus dèiligeadh ri cunnartan cudromach a thaobh càileachd uisge, a' toirt a-steach am feum air dearcnachadh càileachd uisge a bharrachd far a bheileas ag aithneachadh cunnart.

Tha an obair a thathas a' dèanamh gus tuigse iomlan fhaighinn air prìomh phàirtean den phròiseas leigheis agus an saidheans a tha air cùl sin aig cuid de làraichean a' tòiseachadh a' nochdadh toradh. Tha e deatamach gun cùm Uisge na h-Alba a' dol leis an obair seo agus a bhith a' togail dhùbhlannan a thaobh bharailean agus chleachdaidhean-obrach fad-ùine far a bheil sin iomchaidh. Tha seo nas soilleire buileach a thaobh *Cryptosporidium* agus an fheum a tha ann mar a thèid a lorg a sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air coileanadh làrach an aghaidh a' chleachdaidh as fheàrr agus clàraichte sa ghnìomhachas gus dèanamh cinnteach gu bheil an tapachd deatamach air a thoirt a-steach do na pròiseasan leigheis.



**72,209 deuchainn aig
Ionadan Leigheas-uisge**

**30 sampall air
fàilligeadh**

CÀILEACHD UISGE ANN AN SIOSTAMAN RIARACHAIDH

Tha an siostam riarachaidh a' gabhail a-steach an lìonradh phìoban a tha a' lìbhrigeadh uisge do dhachannan is do ghnothachasan a bharrachd air ionadan-stòraidh leithid tùran uisge agus lochan-tasgaidh seirbheis. Tha còrr is mìle ionad-stòraidh aig Uisge na h-Alba agus còrr is 47,000km de phrìomh phìoban uisge, agus feumaidh e dèanamh cinnteach nach bi an staid sa bheil iad a' toirt droch bhuaidh air càileachd an uisge.


Feumaidh Uisge na h-Alba sampall a thoirt bho gach ionad-stòraidh gach seachdain agus deuchainn a dhèanamh airson *E. coli* agus bitheagan coliform. A rèir nan Rìaghailtean, faodaidh coliforman a bhith ann an 5% de shampaill bho ionad-stòraidh mus measar gu bheil e air fàilligeadh a thaobh a bhith a' coinneachadh na h-ìre, ach tha RCUÒ a' dùileachadh gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air gach eisimpleir a thathar a' lorg. Ann an 2013, bha *E.coli* ann an 3 sampail agus cha robh ionad-stòraidh sam bith nach robh a' coinneachadh ris an riatanas riaghlaidh nach bi coliforman ann an 95% de shampaill. Is e seo a' chiad uair a chaidh seo a choileanadh. Ged a tha adhartas air a thighinn ann an sgrùdadh Uisge na h-Alba air fàilligidhean aig ionadan-stòraidh thairis air a' bhliadhna a dh' fhalbh agus iad a' cuideachadh le bhith a' toirt adhartas air maoin agus cleachdaidhean-obrach, tha mòran fhathast ri dhèanamh.

Ged a tha iad air an tomhas aig tapaichean luchd-cleachdaidh, tha gèilleadh a thaobh iarann agus mangaineis a' toirt deagh chomharra air staid an t-siostaim riarachaidh agus grùid sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann. Faodaidh an dà rud droch dhath a thoirt air an uisge – rud a dh'fhaodas a bhith mì-ghoireasach do luchd-cleachdaidh, agus a dh'fhaodas gearainean adhbhrachadh. Ann an 2013, bha gèilleadh a thaobh iarann agus mangaineis gu ìre mhòr socrach ann an coimeas ris na bliadhnaichean roimhe sin. Bha an gèilleadh iarann as bochda aig an raon solarachaidh ann an Rawburn sna Crìochan, agus bha còig de na 25 fàilligidhean mangaineis ann an raon far a bheil duilgheadas aithnichte a tha air a chlàradh mar Ghnomhachas aig Uisge na h-Alba.

CÀILEACHD UISGE AIG TAPAICHEAN LUCHD-CLEACHDAIDH

Tha a' chuid as motha de shampaill gus measadh a dhèanamh air gèilleadh do riaghailtean, air an toirt bho thapaichean luchd-cleachdaidh, agus bithear a' dèanamh deuchainn airson 51 paraimeadair. Tha tricead an t-samplachaidh a rèir a' chunntais-shluaigh ann an ceàrn an t-solarachaidh uisge. Bha a' mhòr-chuid de na sampail uile a chaidh a ghabhail a' gèilleadh gu h-iomlan ris na riathanasan riaghlaidh. A thaobh meanbh-bith-eòlas, bha trì sampail anns an robh E. coli, aon a bharrachd na 2012. Bha an gèilleadh a bu mhiosa ri fhaicinn airson trihalomethanes iomlan (99.14%), iarann (99.32%), luaidhe (99.54%) agus mangaineis (99.51%), agus bha iad uile a' nochdadh adhartas bhon uiridh, ach a-mhàin iarann. Bha gèilleadh Trihalomethane (THM) mòran nas fheàrr na bha an 2012, le obair fharsaing bho Uisge na h-Alba gus lughdachadh fhaighinn air àireamhan fàilligidh air sgàth an fhar-stuth seo den phròiseas dì-ghalarachaidh. Feumaidh leantainn a thighinn air an obair gus ìre gèillidh THM ann an Alba a thoirt chun aon ìre ris a' chòrr den RA.

Fàilligidhean aig Tapaichean Luchd-cleachdaidh a rèir Paraimeadar



Tha na ceudadan a' sealltainn na co-roinn de dh'fhàilligidhean iomlan

TACHARTASAN AGUS MÒR-THACHARTASAN

Fìor chorra-uair bidh rudan a' dol ceàrr, agus feumaidh Uisge na h-Alba innse do RCUÒ mu thachartasan sam bith a dh'fhaodadh droch bhuidheachd a thoirt air càileachd uisge no a dh'fhaodadh dragh adhbhrachadh do luchd-cleachdaidh. Ann an 2013, fhuair RCUÒ fios mu 419 tachartas leithid seo, agus bha an àireamh seo gu math na b' ìsle na bliadhnaichean roimhe. Bidh RCUÒ a' gabhail beachd air gach tachartas agus gan seòrsachadh. Thathar a' nochdadh gur e mòr-thachartasan a tha san fheadhainn as miosa agus dh'fhaodte gum bi feum air aithisg iomlan bho Uisge na h-Alba. Bidh RCUÒ a' rannsachadh mhòr-thachartasan agus a' dèanamh measadh sgrìobhte, a' toirt seachad mholaidhean far a bheil sin iomchaidh. Chaidh measaidhean mòr-thachartais fhoillseachadh air làrach-lìn RCUÒ. Ann an 2013, chaidh 24 tachartas a sheòrsachadh mar mhòr-thachartasan, agus bha seo a' riochdachadh lùghdachadh grad bho 2012. A-rithist, tha an àireamh de thachartasan a chaidh adhbhrachadh le fàilligeadh bhon phròiseas dì-ghalarachadh ro àrd. Tha Uisge na h-Alba air gealltainn ro-innleachdan dì-ghalarachaidh a thoirt air adhart airson na h-ionadan-leigheis iomlan aca. Bu chòir iad sin beachdachadh air èifeachdas is tapachd a' phròiseas dì-ghalarachaidh gnàthaichte aig gach làrach agus cunnartan sam bith aithneachadh ris am feumar dèiligeadh tron phròiseas dealbhaidh sàbhailteachd uisge.

Thachair trì mòr-thachartasan cudromach ann an 2013:

- Ionad-leigheas Uisge Tom Mhuilinn, Moraibh
Chaidh *Cryptosporidium* a lorg san t-sòlar, aig a bheil eachdraidh de dhuilgheadasan den t-seòrsa seo. Tha e soilleir nach robh na ceumannan a chaidh a stèidheachadh roimhe seo gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan ann an 2012 gu tur èifeachdach. Tha Uisge na h-Alba air meamrannan eile a chur a-steach, le dearcnachadh a bharrachd agus tha sgrùdadh air an t-suidheachadh a' leantainn air adhart. Tha RCUÒ air tadhal air an làrach agus tha iad an sàs ann an conaltradh leantainneach le Uisge na h-Alba a thaobh tapachd a' phlannt agus a' feuchainn ri fuasgladh sgiobalta, leantainneach a lorg gus dèanamh cinnteach gu bheil sòlar sàbhailte is seasmhach de dh' uisge-òil aig luchd-cleachdaidh Thom Mhuilinn.
- Ionad-leigheas Uisge Bradan, Siorrachd Inbhir Àir
Dh' fhàillig pròiseas dì-ghalarachaidh ionad-leigheas uisge a' Bhradain airson faisg air trì uairean a-thìde. Às deidh tuilleadh rannsachaidh fhuarar a-mach gu robh pìob iomallachais bhon drumma clòrain cùl-taic air a bhith dùinte agus bha e coltach gun robh an drumma falamh nuair a bha e dha-rìribh làn. Chaidh tomhas èiginneach de chlòrain san tanca fìor uisge a chleachdadh gus an deach an trioblaid a cheartachadh agus gus casg a chur air buaidh càileachd an uisge a bha luchd-cleachdaidh a' faighinn. Thadhal RCUÒ air an làrach airson bruidhinn ri luchd-obrach agus tuigse nas fheàrr fhaighinn mun t-suidheachadh. Tha Uisge na h-Alba air grunn cheumannan a chur an-gnìomh gus dèanamh cinnteach nach tachar an leithid a-rithist.
- Ionad-leigheas Uisge Coille Stòr, An t-Eilean Sgitheanach
Chaidh àireamh mhòr de *Cryptosporidium* a lorg ann an sampall a chaidh a thogail bhon t-sòlar bunaiteach seo. Chaidh ìrean nas lugha a lorg air feadh an t-Fhoghar gus mu dheireadh an deach sampaill fìor fhaighinn san t-Samhain. Fhuair Uisge na h-Alba comhairle bho SSN na Gàidhealtachd rè ùine an tachartais. Tha atharrachaidhean ann an càileachd uisge amh dualtach do Choille an Stòr leis nach eil pròiseas sìolachaidh ann agus gu h-eachdraidheil tha *Cryptosporidium* air a bhith san t-sòlar bho àm gu àm.

Tha RCUÒ den bheachd, ged a rinnear tomhas de dh'adhartas ann an bhith a' dìon thùsan, chan eil an làimhseachadh gnàthaichte aig an làrach math gu leòr airson nan cunnartan a tha an làthair agus bu chòir am plannt meamrain ùr air a bheileas a' beachdachadh airson an t-sòlar a thogail cho luath 'sa ghabhas, le uidheamachd siolachaidh neo-bhuan ga chur a-steach aig an làrach gus a' chunnart a lughdachadh.

SGRÙDADH AGUS RANNSACHADH

Tha Sgrùdadh agus Rannsachadh na phrìomh phàirt de dhreuchd RCUÒ agus bidh RCUÒ a' gabhail grunn rannsachaidhean os làimh ann an Alba gach bliadhna, a' dèanamh sgrùdadh mu choinneamh riatanasan riaghlaidh agus sàr-chleachdadh a' ghnìomhachais. Tha seo a' toirt cothrom do RCUÒ sgrùdadh a dhèanamh air dèanadas Uisge na h-Alba agus cluinntinn mu chùisean gu dìreach bho luchd-obrach, a bharrachd air coimeas a dhèanamh air dòighean-obrach ann an diofar phàirtean de dh'Alba. Far a bheilear a' toirt fa-near do laigsean, bidh RCUÒ a' dèanamh mholaidhean, agus bithear a' cumail sùil air mar a thèid cùisean a rèiteach. Thathar cuideachd a' toirt fa-near do dh'eileamaidean de shàr-chleachdadh. Ann an 2013 ghabh RCUÒ os làimh na sgrùdaidhean a leanas:

- 7 ionadan leigheas-uisge
- 10 àiteachan stòras leigheas-uisge
- Modh-ghearainean Uisge na h-Alba
- pròiseasan ceannach Uisge na h-Alba

Sheall na sgrùdaidhean air ionadan-leigheis gun robh na pròiseasan-leigheis sa chumantas air an ruith gu h-èifeachdach le luchd-obrach a bha fìor chomasach. Chaidh grunn chùisean a chomharrachadh. Am measg nan cuspairean a bu trice a bha a' nochdadh bha a' bhith a' cumail sùil air càileachd uisge air-loidhne, siostaman SCADA, agus ag aithneachadh chunnart.


Sheall sgrùdadh air ionadan-stòraidh air feadh na dùthcha grunn de chùisean a bha a' buntainn gu sònraichte ris an làrach fhèin agus tha Uisge na h-Alba air dèiligeadh riutha. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air ceannachd cheimigean is sheirbheisean aig an robh buaidh air càileachd uisge, agus chaidh a dhearbhadh gun robh pròiseasan làidir stèidhichte.

Chaidh 52 molaidhean a dhèanamh le RCUÒ mar thoradh air sgrùdaidhean air Ionadan-leigheas Uisge.

FIOS BHO LUCHD-CLEACHDAIDH

Fhuair Uisge na h-Alba 12,212 fios bho luchd-cleachdaidh a' buntainn ri càileachd uisge, agus bha seo na ìre fios de 24.4 san 10,000 sluagh. Bha seo a' dearbhadh lùghdachadh de 32.3% san fharsaingeachd de fhiosan, ann an coimeas ris an àireamh de fhiosan a fhuair ann an 2012. Tha seo na fhìor ghluasad math ris am bheileas a' cur fàilte, agus tha sinn an dòchas gu lean sin air adhart. Tha lughdachadh anns na h-àireamhan sa h-uile seòrsa fios ach is e an roinn as motha fhathast gu bheil luchd-cleachdaidh ag aithris droch dhath air an uisge, ged a tha seo cuideachd a' nochdadh gluasad gu h-ìosal. Bha còrr air 40% de na gearanan blais is fàilidhean mu dheidhinn clòrain, bha an ìre de ghearanan aig 2.2 a-mach à 10,000, an ìre as lugha a chunnacas sna seachd bliadhna a dh' fhalbh.

Glusadan ann am prìomh roinnean fios




SOLARACHADH UISGE PRÌOBHAIDEACH

'S e solarachaidhean uisge-òil nach eil fo dhleastanas Uisge na h-Alba, ach a tha fo dhleastanas an luchd-seilbh is an luchd-cleachdaidh, a th' ann an solarachaidhean uisge prìobhaideach (SUP). Tha na Riaghailtean Solarachaidhean Uisge Prìobhaideach (Alba) 2006 ("Riaghailtean 2006") air an cur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail, agus bidh RCUÒ a' stiùireadh an èigneachaidh seo.

Tha tobraichean nan SUP lìonmhor agus diofraichte, agus tha àireamh mhòr luchd-taigheadais is ghnothachasan an crochadh orra airson an solarachaidhean uisge-òil. Ann an 2013 bha 19,916 SUP clàraichte ann an Alba, a chaidh aithris do RCUÒ, 2,434 Seòrsa A agus 17,482 Seòrsa B. Tha solarachaidhean Seòrsa A a' solarachadh 50 neach no barrachd no 10m³ uisge no barrachd, agus SUP sam bith a tha air a chleachdadh airson gnìomhachd choimearsalta no poblach. Tha solarachadh Seòrsa B a' buntainn ri solarachaidhean nas lugha agus dachaigheil. Tha mu 3% de shluagh na h-Alba an crochadh air SUP airson an uisge-òil, ach tha grunn eile, mar eisimpleir luchd-tadhail is luchd-turais, cuideachd a' cleachdadh nan solarachaidhean seo.

Bidh sgiobannan Slàinte Àrainneachd bho ùghdarrasan ionadail a' dèanamh ath-bhreithneachaidhean bliadhnail air measaidhean cunnairt agus a' gabhail sampail bho SUPan nas motha de 'Sheòrsa A.' Ann an 2013, bha an dàrna cuid measadh cunnairt crìochnaichte no ath-bhreithnichte aig 95.6% de SUPan Seòrsa A, le 17 ùghdarras ionadail ag aithris gu robh iad air lèirmheas a dhèanamh air measaidhean cunnairt airson a h-uile solarachadh Seòrsa A aca. Chaidh 40,620 deuchainn uile gu lèir a dhèanamh air sampail a chaidh a thoirt bho SUPan Seòrsa A, le 94.5% de dheuchainnean a' gèilleadh do na h-ìrean. Chaidh 14,521 deuchainn a dhèanamh air na solarachaidhean Seòrsa B as lugha, agus bha 88.8% dhiubh aig an inbhe a tha riatanach.



40,620 deuchainn air Seòrsa A PWS

2241 deuchainn air fàilligeadh

Chaidh *E. coli*, a dh' fhaodas tinneas adhbhrachadh, a lorg ann an 13.6% de shampaill solarachaidh uisge prìobhaideach Seòrsa A a chaidh fhaighinn air feadh na h-Alba. Tha an àireamh de fhàilidhean *E. coli* a tha rim faighinn ann an solarachaidhean prìobhaideach gu ìre mhath socrach. Tha e soilleir gu bheil mòran de na solarachaidhean fàillinneach sin air an aithris mar bho phròiseas dì-ghalarachaidh – tha na co-dhùnidhean sin a' comhairleachadh gu bheil seo nas lugha na bhith èifeachdach. Tha RCUÒ air sgrùdadh a choimiseanadh air cho èifeachdach sa tha pròiseasan dì-ghalarachadh ultra violet (UV) air solarachaidhean uisge beaga den t-seòrsa a lorgar ann an Alba.

Ann an 2013, chaidh ochd fiosan a riarachadh air solarachaidhean a dh' fhàillig air feadh Alba air fad. Tha RCUÒ tàmailteach mun seo leis gu bheil uimhir sa chiad de dheuchainnean a' fàilligeadh agus gu sònraichte, na h-uimhir sa chiad a tha a' fàilligeadh airson *E. coli*. Tha 149 solarachadh a dh' fhàillig airson *E. coli* airson trì bliadhna no nas fhaide, agus 16 solarachadh a' fàilligeadh airson còig bliadhna. Tha e deatamach gun tèid dèiligeadh ri solarachaidhean den t-seòrsa sin agus, ged a tha dleastanas airson solarachaidhean prìobhaideach a' laighe air luchd-seilbh is luchd-cleachdaidh, thathas a' cur ìmpidh air ùghdarrasan ionadail comhairle iomchaidh a thoirt seachad agus na làn chumhachdan co-èigneachaidh a tha aca a chleachdadh.

Thug na paraimeadairean eile a chlàr àireamhan àrda de dh' fhàilligidhean ann an solarachaidhean uisge prìobhaideach ann an 2013 a-steach dath, iarann, mangaineis agus aidhon haidridein (pH).

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad thabhartasan nach eil dearbhte air comas suas ri £800 airson gach seilbh gus an tig adhartas air SUP. Gheibh gach neach aig a bheil seilbh no a chleachdas SUP iad sin bho ùghdarrasan ionadail. Ann an 2013-2014, chaidh £845,449 a thoirt seachad ann an taic-airgid airson adhartasan SUP. A rèir dàta a gheibhear bho ùghdarrasan ionadail tha an ionmhas seo air 291 sòlar adhartachadh ann an 564 seilbh.

Faodar fios a chur gu RCUÒ aon chuid ann an sgrìobhadh gu:

Riaghlaiche Càileachd Uisge-òil na h-Alba
Sgìre 1D a-Deas
Cidhe Bhictòria, DÙN
ÈIDEANN
EH6 6QQ

no air an làrach-lìn againn: www.DWQR.org.uk

no a' fònadh 0131 244 0224

ISBN 978-1-78412-673-5